

A' Cur Blas air Bhog

Thèid Fèis Blas na bliadhna seo a chuir air bhog gu h-oifeagail aig aitreabh ùr Inbhir Nis, an Ironworks, air Diciadaoin an 16mh dhen Lunastal

Thairis air an naoi latha a mhaireas an Fhèis bi da fhichead sa trì tachartas ann, le ceòl tradiseanta aig ìre deagh-ghne unnta uile ann an caochladh àiteachan air feadh na Gàidhealtachd bho Chille Mhoire gu Inbhir Narunn, agus bho Shrathaidh gu Sròn an t-Sithein.

Tha an fhèis ag gabhail a-steach dà lionradh stèidhichte; imeachd nam Fèisean fhiin agus Lionradh Ardachaidh nan Ealain, agus tha na tha na buidheannan sin a' cuir ris sònraichte, le co-dhiù da cheud ag obair saor-thoileach a' ruith rudan anns na sgìrean aca fhèin.

“Seo aonan dhe na rudan a tha sònraichte mu Bhlas, cuide ri gu bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh aig a h-uile tachartas riamh”, thuirt Art MacCarraig, Stiùiriche Fèisean nan Gàidheal, a tha a' ruith nam fèisean. Tha an fheadhainn a tha saor-thoileach an dà chuid ann am LAE agus anns na fèisean ionadail ag obair eagallach fhèin cruaidh airson gun soirbhich le gach nì agus cha b'urrainn dhan fhèis a bhi ann mur a bitheadh iad”.

A' cuir loinn air gach nì troimh'n fhèis bi roinneagan gu leòr, nam measg luchd-ciùil òg bhon a' sgìre agus bho àiteachan lèithid Cheap Bhreathuinn agus Èirinn, leis a bheil dàimh aig a' Ghàidhealtachd.

Tha a h-uile coltas gum bi Blas fiùth's nas fheàrr na bha fèis na bliadhna 'n uiridh. Mu thràth, tha na ceudan de thiocaidean air bhi air an reic. Thoiseachar gan reic nas traithe, agus bha e na chuideachadh mòr gu robh sgeama “earlybird” a' leigeil le daoine an cuid thiocaidean a cheannach aig prìs nas ìsle, le a bhi ga dheànadh tràth.

Bha an taic airgead a fhuairadh bho Bhanca Dail Chluaidh Earranta na chuideachadh cuideachd do Bhlas. Leig seo leis an luchd-rianachd aig na fèisean cuisean a chuir air dòigh ann an deagh am agus fhios aca gun robh an t-airgead air an culthaobh. A-reir Ailein Holland, Manaidsear Ionad Mhaoineachaidh Banca Dail Chluaidh ann an Inbhir Nis, “Tha Banca Dail Chluaidh air an dòigh gu bheil iad a'sas còmhla ri Blas ann an 43 tachartasan air feadh na Gàidhealtachd. Tha sinn fhèin agus Blas dhen aon bheachd a thaobh mar a tha sinn a' measadh cùisean tradiseanta agus ann a bhi a' sàs anns na coimhearsnachdan againn”.

Se prìomh amas Blas a bhi a' brosnachadh ceòl agus òrain tradiseanta na Gàidhealtachd agus ann a bhi a' misneachadh dhaoine gus a' Ghàidhlig a bhruidhinn. Tha an t-àite a th'aige ann a bhi ag àrdachadh iomhaigh na Gàidhlig air duais a chosnadh dhaibh bho Bhòrd na Gàidhlig.

Thuirt Ceannard a' Bhùird, Ailean Caimpeul, agus e ag guidhe gach soirbheachas dhan a h-uile duine a tha a'sàs ann am Blas, “Tha blas 2006 fada a bharrachd air na shaoileadh duine bhon ainm, se a th'ann ach bangaid de shean 's ur air Ghàidhealtachd. Tha fèisean mar Blas 2006 cudthromach dhan stèidheachadh agus dhan ùrachadh dhan a' Ghàidhlig a tha sinn uile ag obair gus a thoirt gu bi”.

Se luchd-ciùil òg a bhrosnachadh fear eile de dh'amasan na fèise. Thuirt Cathraiche an Fhoghlaim, Cultur 's Spors aig Chomhairle na Gàidhealtachd, Andy Mac Anndrais, "Se cothrom math a th'ann am Blas cluicheadairean òga a bhi air ard-ùrlar còmhla ris an luchd-ciùil tradiseanta 's fheàrr a th'ann. Tha sinn air a bhi air ar dòigh le mar a tha daoine air gabhail ri Blas bhon a chuireadh air bhon e ann an 2004. Tha mi cinnteach gun tog fèisean na bliadhna seo air a sin agus gum bi fiuth's barrachd chothroman inntinneach ann do luchd-ciùil òga faighinn air àrd-ùrlar nan coimhearsnachdan fhèin agus nas fhaide air falbh".

Bi Blas na bliadhna seo ann an seachd àiteachan taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd, 's iad sin, Gallaibh, Cataibh, Siorrachd Rois, Loch Abair, Bàideanach agus Srath Spè, Inbhir Narunn, agus an t-Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse. An ath bhliadhna, leadaichear air an fhèis gus baile mòr Inbhir Nis agus an sgìre mun cuairt air a thoirt a-steach, airson na Gàidhealtachd 2007; A' Bhliadhna a tha Alba a' cumail Bliadhna Cultarail na Gàidhealtachd, agus tha e san amharc gum bi aite sònraichte aig Blas ann a bhi a' comharrachadh na bliadhna sin. Thuirt Iar-Chathraiche Chomhairle na Gàidhealtachd, Micheil Foxley, "Tha program Blas airson 2006 lainnearach. Tha sinn a' sìor thogail Blas gu a bhi na feis eadar-nàiseanta mor. Bi an ath bhliadhna, 2007, fiuth's nas fheàrr".